

FOILLSEACHADH ‘THA BEAG SGOINNEIL’

Tha iadsan a tha a’ cur an ainm gu h-ìseal

AIRSON NA LEANAS FHOILLSEACHADH

- Tha an saoghal ioma-chànanach.
- ’S e stòrasan cultarail a tha ann an cànanan agus tha na stòrasan seo a’ tabhann iomadachd is beairteas do dhùthchannan an t-saoghail.
- Tha cànanan nan innealan riatanach airson dearbh-aithne is leasachadh dhùthchannan is dhaoine.

THA SINN AIRSON GAIRM GU BHEIL

- Còir aig mion-chànanan urram is aire fhaighinn.
- Còir againn cuideachadh is dìon fhaighinn gus ar cànanan a dhèanamh àbhaisteach gu h-àraid ann an raon an fhoghlaim.
- Còir aca air laghalachd iomlan san sgìre aca.
- Còir againn tighinn beò sna cànanan againn agus ann an raon sam bith den chomann-sòisealta.

THA SINN A’ CUR ROMHAINN

- Leantainn air adhart ag obair gus cànanan àbhaisteachadh gus drochaidean a thogail eadarainn, oir tha aonachd an fheadhainn bheaga gar dèanamh sgoinneil.
- Am foillseachadh seo a’ sgaoileadh cho farsaing ’s a ghabhas.